

## Bòrd MG ALBA

4 agus 5/10/22

The Studio, Glasgow

Dreach geàrr-chunntas

Bòrd: Ailean Dòmhnallach; Calum MacLeòid; Marion Nic na Ceàrdaich, Ceit Anna NicLeòid, Iain Mac a' Mhaoilein, Lisa Annette, Màiri Kidd

Luchd-obrach: Dòmhnall Caimbeul [DC] (Àrd-Oifigear)  
Maireadh Chamshron [MC] (Stiùiriche Susbaint)  
Sarah NicDhòmhnaill [SMD] (Cunntasair) – puingeon 7, 8 agus 12  
Donnie Dòmhnallach [DMD] (Manaidsear Gnìomhachais) – puingeon 7, 8 agus 12  
Uisdean MacLeòid [UML] (Manaidsear Obrachaidh – Teicneòlas)  
Alison Bruce [AB] – puingeon 10-15  
Mairi Anna NicAonghais [MAMI] (a' sgrìobhadh geàrr-chunntas)

An làthair: Mairead Màiri Mhoireach [MM] (Ceannard Seirbheis BBC ALBA) - puing 10

### 1. Leisgeulan

1.1 Rhoda NicDhòmhnaill.

### 2. Gnothach dearbhte

2.1 Cha robh gin.

### 3. Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh

a) 16/6/22 – aontaichte.

b) Gnothaichean ag èirigh: 1) bidh DC agus AMD a' frithealadh aoi gheachd a tha am Bòrd aig Ofcom a' cumail air 8/11/22 far a bheil dùil aca a bhith a' bruidhinn ri cathraiche, buill agus oifigearan; 2) chaidh innse gu robh goireasan SpeakGaelic aig ìre B1 air tighinn a-steach agus a-nis a' dol suas air an làrach-lìn, agus gum bithear a' tionndadh gu ùrlar TikTok airson SpeakGaelic a dh'aithghearr; 3) le Riaghaltas na h-Alba a' cur barrachd cudrom air *Cultural Diplomacy Strategy* chaidh bruidhinn air a' chothrom cuid de co-riochdaichean BBC ALBA fhisge a-steach do na h-iomairtean aca.

- c) **Co-dhùnadh:** an dèidh do bhuill fainear a ghabhail do gheàrr-chunntasan nan coinneamhan mu dheireadh agus do bhuill fainear a thoirt do na gnothaichean ag èirigh, dh'aontaich am Bòrd ris a' gheàrr-chunntas agus chomharraich am Bòrd na gnothaichean ag èirigh.

#### 4. Comataidh a' Chathraiche

- 4.1 **Co-dhùnadh:** an dèidh do bhuill fainear a ghabhail de na puingeon a bha fo dheasbad aig a' Chomataidh, a' toirt a-steach planadh luchd obrach airson na h-ama ri teachd, chomharraich am Bòrd gun do ghabh iad fainear den gheàrr-chunntas.

#### 5. Comataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh

- 5.1 **Co-dhùnadh:** an dèidh do bhuill fainear a ghabhail de na puingeon a bha fo dheasbad aig a' Chomataidh, chomharraich am Bòrd gun do ghabh iad fainear den gheàrr-chunntas.

#### 6. Clàr Riosgan

- 6.1 Bha pàipear agus Clàr nan Riosgan air beulaibh bhall agus chaidh deasbad coileanta a chumail.
- 6.2 Chaidh deasbad a chumail mun riosg nach robh am modail co-bhanntachd airson Seirbheis a libhrigeadh tuilleadh a' freagairt feumalachdan luchd-cleachdaidh san dòigh as fheàrr (*Riosg #14*).
- 6.3 Chaidh deasbad a chumail mu riosg gum biodh MG ALBA gann de luchd-obrach le sgilean riatanach (*Riosg #19*).
- 6.4 Chaidh deasbad a chumail mu riosg gum biodh an roinn chruthachail gann de bheachdan matha airson susbaint agus / air neo a' fulang le dùbhlain ionmhasail (*Riosgan #21/22*).  
Chaidh bruidhinn mu sgilean coimearsalta a bha gann ann an cuid de chompanaidhean agus an t-uallach a bha sin a' cur air MG ALBA taic a thoirt seachad ann an dòigh nach biodh craoladairean eile. Chaidh innse gu bheileas ag obair gus am bithear ann an suidheachadh far am bi feum air na riochdairean seirbheisean-lagha fhastadh taobh a-staigh a' bhuidseat airson a' phrògram. Chaidh rabhadh a thoirt seachad gum bu chòir oifigearan MG ALBA a bhith faiceallach nach biodh iad a' sàsachadh uallaichean a' chompanaidh, air adhbharan laghail (*shadow directors*) agus adhbharan coimearsalta (nach biodh ìmpidh air a' chompanaidh beàrnan sgilean coimearsalta a lìonadh).
- 6.5 **Co-dhùnadh:** dhearbhaich am Bòrd gu robh iad riarachtaichte gu robh na riosgan a bha fa chomhair na buidhne aithnichte gu h-ìomchaidh agus, chun na h-ìre a tha comasach, air an lùghdachadh le gnìomh no le leasachadh.

## 7. Dèanadas & KPlan

- 7.1 Bha pàipearan air beulaibh bhall a' toirt dealbh choileanta air coileantachd na ràithe mu dheireadh. Rinnear aithrisean agus chaidh deasbad a chumail, far an deach comharrachadh cuideachd gu robh còmhraidhean air a bhith ann le Fo-Rùnaire na Stàite airson Alba, Neach-Comhairle Spèisealta Rùnaire na Stàite airson Alba agus Rùnaire a' Chaibineit airson a' Bhun-reachd, Cùisean Taobh a-muigh agus Cultar.
- 7.2 Bha aithne ann gur robh ruigse seachdainneil BBC ALBA an lùib luchd-cleachdaidh na Gàidhlig fo 50% airson a' chiad turas a-riamh agus, air an làimh eile, gu robh ìrean àrda toileachais ann agus gu robh àireamhan nam meadhanan sòisealta a' fàs.
- 7.3 Chaidh fàilte a chur air duaisean phrògraman a chaidh a chosnadh agus chaidh meal-a-naidheachd a bhuileachadh air na riochdairean agus oifigearan.
- 7.4 **Co-dhùnadh:** chomharraich am Bòrd gun do ghabh iad fainear do dh'Aithisgean Dèanadais na ràithe mu dheireadh, lèirmheas an Àird-Oifigeir agus an Sgioba Àrd-Stiùiridh, agus cunntasan airson an ràithe suas gu 30 Ògmhios 2022.

## 8. Ath-bhuidseatadh

- 8.1 Bha pàipear air beulaibh bhall a' sireadh ùghdarras a' Bhùird airson a dhol seachad air Buidseatan a chaidh aontachadh sa Phlana Obrachaidh agus chaidh deasbad a chumail.
- 8.2 Chaidh innse gun deigheadh os-chosgais (overspend) air susbaint a mhaoineachadh le cùl stòran (reserves) na buidhne agus le sàbhalaidhean ann an cosgaisean eile.
- 8.3 A thaobh cosgaisean bith-beò, chaidh aithneachadh ged a lean MG ALBA poileasaidh pàighidh Riaghaltas na h-Alba sa Ghiblean 2022 le àrdachaidhean gan toirt seachad, bhon uair sin le cosgaisean bith-beò a' sìor fhàs bha moladh air beulaibh a' Bhùird iarraidh air an Sgioba Àrd-stiùiridh pàipear a chuir gu Comataidh a' Cathraiche a thaobh taic a bharrachd a dh'fhaodadh a thoirt seachad gu luchd-obrach.
- 8.4 **Co-dhùnadh:** an dèidh do bhuill deasbad iomlan a chumail air cosgaisean na buidhne anns a' bhliadhna ionmhais 2022/23, agus an dèidh do bhuill toirt fainear air cosgaisean a dh'fhaodadh fhathast tuiteam air a' bhuidheann anns a' chòrr den bhliadhna, cho-dhùin am Bòrd ùghdarras a thoirt seachad fo Riaghail Ionmhasail A.4.5 gu faodadh cosgaisean phrògraman, gasa, dealain, siubhail agus trèanaidh a dhol seachad air a' bhuidseat a chaidh aontachadh ann am Plana Obrachaidh 2022/23 ach gum biodh fios iomlan fa chomhair a' Bhùird aig gach coinneamh eadar seo agus deireadh na bliadhna' ionmhais.

8.5 **Gnìomh:** thèid moladh a chuir mu choinneimh Comataidh a' Cathraiche a' thaobh taic a bharrachd a thoirt do luchd obrach a rèir 8.3 gu h-àrd. (DC)

## 9. Na ceistean mòra

9.1 Bha pàipear air beulaibh bhall a' dèanamh lèirmheas air suidheachadh nam meadhanan Gàidhlig aig an àm seo.

9.2 Chaidh aithneachadh gur e fuasgladh poilitigeach a tha a dhìth air maoineachadh nam Meadhanan Gàidhlig.

9.3 Chaidh aithneachadh gu robh MG ALBA a' gabhail mòran uallaichean gun bhun-structar taic reachdail air a' chùlaibh, agus am buidheann an eisimeil rùn an dà Riaghaltas, Ofcom agus a' BhBC, ach aig an dearbh àm nach eil mòran roghainn ann.

9.4 Chaidh moladh sealltainn le dealbhan mar a bha MG ALBA air toraidhean (KPIs) a chumail àrd fhad 's a bha luach an airgid a' crìonadh bho 2009-2022.

9.5 Bha aithne ann gu robh ìrean tuigse mu staid èiginn nam Meadhanan Gàidhlig ro ìosal, agus ri linn sin gu robh gainnead ghuthan ann a bha a' coiteachadh gu poblach às an leth ri luchd-maoineachaidh (BBC agus Riaghaltas na h-Alba).

9.6 Sa cho-theacsa sin, chaidh faighneachd cò iad na curaidhean (champions) a tha aig na Meadhanan Gàidhlig gu poblach – agus dè tha iad a' dèanamh?

9.7 Chaidh faighneachd an robhas a' coimhead airson atharrachadh bunaiteach no atharrachadh ceum air cheum – dè miann a' Bhùird ann a bhith a' coimhead ri seo?

9.8 Bha aithne ann gu feumar goireasan a bharrachd a chuir an sàs aig ìre poilitigeach gus atharrachadh bunaiteach adhbharachadh. Bha aithne ann gun tigeadh seo aig cosgais.

9.9 A thaobh crìonadh an luchd-coimhid, chaidh aithneachadh gu bheil seanailean PSB eile a' fulang leis an aon trioblaid. Tha cion maoineachaidh, barrachd farpais agus barrachd ùrlaran sgaoilidh uile mar phàirt dheth.

9.10 Bha ceist ann an e prìomh amas na buidhne an luchd-amhairc caillt seo fhaighinn air ais. Ciamar a nithear sin? Bheil cothrom ann an t-susbaint a chur air ùrlaran sam bith eile, le aithne gu robh trioblaidean a dh'fheumadh fuasgladh ann a bhith a' dèanamh seo ri linn cuingealachdan a' BhBC? An e obair èiginneach a bha seo? An e seo am prìomh amas againn? Am tigeadh an t-airgead seo a-mach às an t-airgead a thathas a' cosg air prògraman?

9.11 Chaidh moladh, ann a bhith a' coimhead ri TBh loidhneach agus BBC ALBA – le na h-àireamhan a' sìor dol sìos agus àrainneachd craolaidh ag atharrachadh uiread – gum bu chòir

dhuinn cuid den t-airgead seilbheachd a chuir gu atharrachadh didseatach ann an saoghal na 16-44 bliadhna a dh'aois.

- 9.12 Chaidh innse, a thaobh susbaint ann an riochd goirid, gu bheileas a' coimhead an seo cuideachd airson luchd-amhairc ùra.
- 9.13 Bha ceist ann a faodadh buannachd a bhith ann obrachadh air taobh a-muigh a' BhBC far a faodadh brannd no modhan-obrach a bhith nas èifeachdaich gu h-àraid airson òigridh. Thèid daoine òga chun àite far a bheil susbaint buntainneach, agus bha beachd ann gu faodadh MG ALBA coimhead air brannd leithid FilmG agus ùrlar leithid YouTube mar chothrom rudeigin sònraichte a dhèanamh a thaobh gnè riochd goirid.
- 9.14 Bha aithne ann gu bheil ro-innleachd sgilean deatamach airson an àm ri teachd ann a bhith a' leasachadh an òigridh seo.
- 9.15 **Gnìomh:** gun tig pàipear mu chruth-atharrachadh didseatach chun ath choinneimh fo ainm *Bho FilmG gu CineG* le molaidhean ionmhasail. (DC)

## 10. BBC ALBA

- 10.1 Bha pàipear air beulaibh bhall a' toirt fiosrachadh às ùr do bhuill mun obair measaidh a tha dol air ùrachadh com-pàirteachais BBC ALBA.
- 10.2 Chaidh innse gu bheil seirbheis bun-stèidh ioma-ghnèitheach cudromach dhan cho-bhanntachd. Tha sin a' ciallachadh gu feum farsaingeachd shusbaint a bhith ann agus gu leòr dheth airson seirbheis a thabhann.
- 10.3 Chaidh aithne a dhèanamh gur e sgioba Chùisean Corporra a' BhBC a choimheadadh air ceist am b' urrainn am BBC cuideachadh le iomairt MG ALBA airson maoinachadh, agus nach robh sin mar phàirt den obair mheasaidh air co-bhanntachd BBC ALBA.
- 10.4 Chaidh innse, a thaobh nam prìomh chuspairean air a bheil am BBC a' coimhead san àrainneachd craolaidh, gu bheil lorgadh (discoverability) fìor chudromach – a' faighinn buaidh àrd ìre air an iPlayer agus dha dhèanamh furasta a lorg, a' faighinn fuasgladh margaidheachd airson ar susbaint taobh a-staigh iPlayer, le *promotion* taobh a-staigh gnè, le *algorithms* dha thaiceachadh. Thathas den bheachd gu bheil na stuthan a thathas a' craoladh air BBC ALBA buadh-mhor. Tha ro-innleachd luchd-amhairc aig cridhe gach co-dhùnadh a tha ga dhèanamh, le lorgadh taobh a-staigh an iPlayer deatamach.
- 10.5 Chaidh faighneachd, ann a bhith a' dealbhachadh a' phròiseas seo, ciamar a nithear cinnteach gu bheil e a' dèiligeadh ris an àm ri teachd agus am bi ìrean lèirmheis ann tron phròiseas. Chaidh innse gu bheil na prionnsabalan a chaidh aontachadh san t-aonta-laghail a chaidh a chruthachadh ann an 2007 fhathast na bhun-stèidh ach tha ar ro-innleachdan a'

glusad fad na tìde. Chaidh a chuimhneachadh gu feum an co-bhanntachd a bhith a' coileanadh an Lèirsinn.

10.6 **Co-dhùnadh:** an dèidh do bhuill cluinntinn mu chòmhradh air ùrachadh na co-bhanntachd eadar am BBC agus MG ALBA; agus an dèidh do bhuill ceistean a thogail agus deasbad a chumail, ghabh am Bòrd fainear don adhartas a bhathas a' dèanamh agus chaidh aontachadh nach robh feum air a' chlàr riosgan atharrachadh aig an ìre seo.

10.7 **Gnìomh:** 1) thèid cuireadh a thoirt do sgioba rannsachaidh Luchd-amhairc a' BhBC taisbeanadh a dhèanamh do bhuill aig àm iomchaidh gus fiosrachadh a thoirt seachad gu h-àraid air cleachdaidhean mheadhanan òigridh (16-44); 2) thèid cuireadh a thoirt do neach bho sgioba iPlayer a' BhBC taisbeanadh a dhèanamh do bhuill aig àm iomchaidh mu ro-innleachd an iPlayer agus mar a tha prògraman BBC ALBA a' fighe a-steach. (MAMI)

## 11. Plana Corporra 2023/24-2025/26

11.1 Bha pàipear air beulaibh bhall. Chaidh innse gu robh e dùbhlach mòran cinnt a thabhann don Bhòrd ri linn an iomadh gnothach a bha a' gluasad: mar eisimpleir, suidheachadh maoinachaidh na dùthcha agus na còmhradh againn leis a' BhBC.

11.2 Bha am pàipear ag amas air moladh a dhèanamh air na slighean a bu chòir don bhuidheann a ghabhail, a' sireadh bheachdan agus mholaidhean nam ball air na cuspairean sin gus an urrainn dreachd Plana ullachadh airson na h-ath choinneimh.

11.3 Thuir an Cathraiche gu robh am Bòrd airson slighe ro-innleachdail a thoirt do dh'oifigearan seach a bhith a' coimhead ri raointean sònraichte.

11.4 Bha aonta ann gu feumar dùblachadh a dhèanamh air oidhirpean air an taobh poiliteach. Bha aithne ann gum bi cosgais an lùib seo ach gu feumar seilbheachd a chuir ga ruige.

11.5 Bhiodh seo na b' fheàrr ann an àrdachadh ann am prìomh mhaoinachadh ach nam b' e maoinachadh phròiseict a bhiodh ann, tha sin math cuideachd.

11.6 Bha aithne gu feumar a dhol gu luchd-poilitigs le freagairtean, taobh a-staigh plana gnìomhachais trì bliadhna.

11.7 Bha beachd ann gum biodh e feumail coimhead às ùire ri gnèithean a thathas a' riochdachadh agus air ciamar a gheibhear stuthan a bharrachd a-steach gu na gnèithean sa bheil ùidh aig daoine òga.

11.8 Chaidh rabhadh a thoirt seachad gu feumar a bhith faiceallach a thaobh a bhith a' leum bho dhràma gu filmichean, le cuimhneachan gu robh seirbheis ri ruith agus clàr ri lionadh agus gu robh feum fhathast air leasachadh dràma.

- 11.9 Chaidh còmhraidh a chumail mu Spòrs a’ dol air adhart, le malairteachadh (commercialisation) na phrìomh nì sna làithean seo.
- 11.10 Chaidh a ràdh gu robh BBC ALBA mar sheanail ag obair airson clann òg agus airson am buidheann de dhaoine 35+ ach gu robh feum air iomairt airson aois 12-35. Mar fhuasgladh air an trioblaid sin, chaidh beachd a chur air adhart companaidh a chruthachadh, a ghlacadh aire agus a shealladh dealas airson susbaint didseatach a thoirt gu bith airson daoine 16-44, a’ cleachdadh airgead calpa agus teachd-a-steach gus am modail sin a lìbhrigeadh, le dùil gum biodh ùidh aig leithid an Riaghaltas agus companaidhean iomairt ann.
- 11.11 Chaidh a ràdh gur dòcha gum biodh e feumail *Service Design Facilitator* fhasdadh airson cuideachadh le seo.
- 11.12 **Co-dhùnadh:** an dèidh do bhuill gabhail fainear don phàipear agus deasbad iomlan a chumail, agus an dèidh do bhuill molaidhean a thabhann, cho-dhùin am Bòrd gabhail ri molaidhean airson Plana Corporra 2023/24 gu 2025/26 le dùil gum biodh dreachd den Phlana air beulaibh a’ Bhùird aig coinneimh an Dùbhlachd agus tionndadh deireannach air beulaibh a’ Bhùird aig coinneimh a’ Mhàirt 2023.
- 11.13 **Gnìomh:** thig pàipear gu coinneamh an Dùbhlachd (DC)

## 12. Ùghdarras shònraichte - Dràma

- 12.1 Feumaidh am Bòrd ùghdarras a thoirt seachad ma tha cosgais phrògraman seachad air £100,000 san uair, fo Riaghailt Ionmhasail C.5.2 agus bha pàipear air beulaibh bhall a’ mìneachadh an t-suidheachaidh.
- 12.2 Dh’innis an t-Àrd-Oifigear, an dèidh sgrùdadh air molaidhean an Stiùiriche Susbaint agus pàipearan bhon Chunntasair agus Manaidsear Gnìomhachais, gu robh e a’ moladh don Bhòrd ùghdarras a thoirt do sreath 2 den dràma, An Clò Mòr, air am bi cosgais de [fios glèidhte] gu h-iomlan airson 2 uair de thìde, agus mar sin cosgais de [fios glèidhte] san uair, ach fo chùmhnannt gum bi plana aontaichte leis airson an riosg gun ruith cosgaisean thairis air an t-suim ainmichte.
- 12.3 **Co-dhùnadh:** an dèidh do bhuill ceistean a chur agus deasbad iomlan a chumail, cho-dhùin am Bòrd ùghdarras a thoirt seachad a rèir Riaghailt Ionmhasail C.5.2 airson prògraman seachad air cosgais £100,000 san uair: An Clò Mòr, sreath 2. Thèid gluasad gu cùmhnannt agus thèid fios a chumail ris an AO.

**13. Clàr-ama/cinn-là cudromach**

- 13.1 Bha pàipear air beulaibh bhall a’ sònrachadh nithean a tha ron bhuidheann sna mìosan air thoiseach.
- 13.2 A thaobh solarachadh san ùine tha romhainn, chaidh innse gu bheil cùmhnant riochdachaidh Spòrs a’ tighinn gu crìch air 30/6/23. Thathas ag obair gu clàr-ama a bhios a’ faicinn sanasachd ron Nollaig agus co-dhùnadh air beulaibh a’ Bhùird sa Mhàrt. Thathas fhathast a’ feitheamh air brath bhon SPFL agus SFA a thaobh na molaidhean/tagraidhean a chaidh a chuir thuca. Tha cùmhnant TRP airson a’ Phannal Gàidhlig a’ ruith gu 30/6/23. Thèid seo a-mach gu sanas tràth sa bhliadhna ùir.
- 13.3 A thaobh tachartasan/cothroman dàimh, chaidh iarraidh air buill tilleadh gu AB no EM ma bha iad airson a bhith aig tachartas sam bith.
- 13.4 **Co-dhùnadh:** an dèidh do bhuill deasbad iomlan a chumail, agus an dèidh do bhuill molaidhean a thabhann, ghabh am Bòrd fainear den phàipear.
- 13.5 **Gnìomh:** thig fiosrachadh gu coinneamh an Dùbhlachd air ciamar a tha BBC ALBA a’ comharrachadh 100 bliadhna de chraoladh Gàidhlig a’ BhBC. (MC)

**14. GISBE**

- 14.1 Chaidh innse gu bheil agallamhan airson Cathraiche ùr na buidhne gan cumail sna seachdainean air thoiseach agus gun deach iarraidh air Iain Mac a’ Mhaoilein a bhith air a’ phannal-taghaidh.

**15. Deit na h-ath choinneimh – 7 agus 8/12/22 – Glaschu**

Ainm sgrìobhte a’ chathraiche:

Deit: